


NA GEAMANNAN OILIMPIGEACH

DUILLEAG FIOSRACHAIDH



1

Ghabh a' chiad gheamaichean àite ann an Baile na h-Àithne, anns a' Ghrèig, ann an 1896.

2

Tha iad air àite a ghabhail a h-uile ceithir bliadhna bhon uairsin, ach a-mhàin nuair a bha na cogaidhean mòra a' gabhail àite.

3

Ghabh 285 lùth-chleasaiche pàirt ann an 1896. Ann an 2012, aig Geamannan Lunnainn, ghabh 10,500 lùth-chleasaiche pàirt.

4

'S e suaicheantas na Geamannan 'Citius, Altius, Fortius'. Tha seo a' ciallachadh sa Bheurla 'Swifter, Higher, Stronger'.

5

'S iad sgioba na Grèige a' nochdas an toiseach aig a h-uile Cuirm Fosglaidh.

6


Bha na Geamannan Oilimpigeach air an cumail anns a' Ghrèig bho 776 BC gu 393 AD. Bha an tachartas air fhaicinn mar fhèis mhòr chreideimh ach chaidh stad a chur orra nuair a bhathar ga faicinn mar thachartas Pàganach.

7

Bha na Geamannan seo a' comharrachadh Zeus, an dia ainmeil a bha aig na seann Ghrèigich.

NA GEAMANNAN OILIMPIGEACH

DUILLEAG FIOSRACHAIDH



8

An-diugh thèid an Lasair Oilimpigeach a' lasadh aig Mount Olympus, anns a' Ghrèig, agus thèid a giùlain le diofar dhaoine gus an ruigh i far a bheil na Geamannan air a' bhliadhna sin a' gabhail àite.

9

Tha na Cearcallan Oilimpigeach nam prìomh samhla de na Geamannan. Tha gach cearcall a' comharrachadh na còig Mòr-thìrean san t-saoghal.

10

Thèid goilf a chluich aig Geamannan Rio - a' chiad uair a tha an spòrs air a bhith mar fharpais o 1904.

11

Às dèidh Geamannan Lunnainn bha Usain Bolt air còig deug buill òr a bhuannachadh aig na Geamannan Oilimpigeach.

12

'S iad na Stàitean Aonaichte an dùthaich a tha air an àireamh is motha de bhuinn òir a bhuannachadh le 2403 buinn. Tha Breatainn anns an treas àite le 780.

13


Chan fhaodadh boireannaich pàirt a ghabhail anns na Seann Gheamannan Oilimpigeach. Chan fhaodadh boireannaich pòsta fiù 's coimhead na farpaisean a' gabhail àite!

14

'S e Pierre Fredy, Frangach, a thàinig suas leis a' bheachd-smuain na geamannan a thòiseachadh a-rithist. Bha e airson sìth a bhrosnachadh agus dùthchannan a thoirt còmhla tro spòrs.

NA GEAMANNAN OILIMPIGEACH

LEASAN: CRUTHAICH GEAMA



Foir-shealladh

Anns a' ghnìomh seo a mhaireas uair a thìde, thathar ag iarraidh air sgoilearan geama spòrs a chruthachadh a dh'fhaodar a chluich mar phàirt de là spòrs na sgoile. Tha cothroman aca a bhith ag obair ann am buidhnean gus beachdachadh air an seòrsa geama a chòrdadh riutha a chruthachadh, mar eisimpleir geama a tha a stèidhichte air sgilean no air lùth-chleasachd. An uairsin, feumaidh iad riaghailtean a chruthachadh agus am beachd-smuain aca a thaisbeanadh air beulaibh a' chlas.

Goireasan & cò-ordanachadh

- ★ Bùird-geal agus peanaichean
- ★ Pàipear agus peanaichean dathte
- ★ Feumar na sgoilearan a chur ann am paidhrichean

Structar



5-15 mionaidean

Iarr air a' chlas a thighinn air ais còmhla agus liosta a dhèanamh de na geamannan. An uairsin beachdaich air an uidheamachd a chaidh a chleachdadh agus dè rinn na geamannan seo soirbheachail (no 's dòcha nach robh iad soirbheachail!). Dèan liosta de na rudan a dh'fheumas tu airson geama ùr a chruthachadh, m.e. feumaidh sgil a bhith air a thaisbeanadh, feumaidh e a bhith farpaiseach agus nas cudromaiche buileach, feumaidh e a bhith spòrsail. Iarr air na sgoilearan a bhith mothachail mu na nithean seo nuair a tha iad a beachdachadh air an geama ùr a chruthachadh.




0-5 mionaidean

Mìnich do na sgoilearan gu bheil thu ag iarraidh orra obrachadh ann am buidhnean gus geama a chruthachadh a dh'fhaodadh a bhith air a chluich aig an là spòrs aca anns an sgoil. Iarr an toiseach air na sgoilearan bruidhinn ris a chompanach aca mu na geamannan a bhios iad a' cluiche mar is trice aig là spòrs na sgoile.

NA GEAMANNAN OILIMPIGEACH

LEASAN: CRUTHAICH GEAMA



15-25 mionaidean

Ag obair ann am buidhnean, iarr air na sgoilearan smaoineachadh mu dheidhinn geama ùr a dh'fhaodadh iad a chruthachadh a' gabhail a-steach nan eileamaidean air an robhar a beachdachadh na bu thràithe. Faodaidh iad pàipear agus peanaichean a chleachdadh airson am beachdan a sgrìobhadh sìos.



25-35 mionaidean

Iarr air a' chlas a thighinn air ais còmhla agus feumaidh iad na beachdan aca thaisbeanadh air beulaibh a' chlas. Dh'fhaodadh na sgoilearan measadh a dhèanamh a bheil na geamannan spòrsail, farpaiseach agus a bheil cothrom ann sgilean a thaisbeanadh.



35-50 mionaidean

'S mathaid aig an ìre seo gu feum na sgoilearan falbh agus gleans nas fheàrr a chur air na beachdan aca. Aon uair 's gu bheil iad riarachta, feumaidh iad riaghailtean a chruthachadh airson an geama aca.



50-60 mionaidean

Iarr air a' chlas a thighinn air ais còmhla. Feumaidh iad a-nise na riaghailtean aca a thaisbeanadh air beulaibh a' chlas.